



# BEAIRTEAS

## Seisean 6

Iain MacLeòid & Hamish MacLeòid



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot



# Iain MacLeòid

## Iain MacLeod



Thogadh Iain air taobh siar Leòdhais ann am baile beag air a bheil Barbhas, far an d'fhuair e eòlas airson a' chiad uair air Pythagoras, mar a rùisgear caoraich agus mar a làimhseachas tu tarasgeir. Chan eil mòran feum air na sgilean seo ann an Glaschu ach, ma thèid iarraidh air an cur gu feum, 's toil leis a bhith a' smaoinichadh gu bheil e deiseil air a shon.

Ro òg airson cuimhneachadh air a' chiad turas a chaidh mac an duine don ghealaich, ach tha cuimhne aige air Cupa na Cruinne 1978. Tha an tadhal a chur Eairdsidh Gemmill a cheart cho cudromach ri bhith a' coiseachd air a' ghealaich.

Tha e air a bhith fortanach obair a dhèanamh ann an telebhisean fad a bheatha, le taing don Ghàidhlig. Thar trithead bliadhna, tha e air coinneachadh agus air obrachadh le daoine iongantach a tha air mòran ionnsachadh dha.

Tha a' mhòr chuid de na thuigeas e mun t-saoghal a' tighinn bho Aithris na Maidne air Radio nan Gàidheal, agus mura b' e Dòmhnall Moireasdan agus Seumas Dòmhnallach agus an sgioba, bhiodh e gu tur air chall.

'S toil leis fuaim na pioba agus beart-fhighe Hattersley ach tha e den bheachd gu bheil iad cus nas fheàrr ri chluinntinn aig astar.

Nuair a bha e fhèin a' fàs suas, bha na h-inbhich mun cuairt air a' planadh a rèir glainne-shìde 's chan e uaireadair. 'S e an t-side aon de na rudan as toil leis mu bhith a' fuireach ann an Glaschu, tha cho beag dhi ann 's nach fheum e smaoinichadh mu dheidhinn.

*Iain grew up on the west coast of Lewis in a village called Barvas, where he first encountered Pythagoras, learned how to shear sheep and how to handle a tarasgeir. There's little demand for any of these skills in Glasgow but if the call comes, he likes to think he's ready.*

*Too young to remember the moon landings but he can remember the 1978 World Cup. The goal scored by Scotland player Archie Gemmill against Holland is as important as walking on the moon.*

*He's had the great good fortune to work in television for most of his adult life and owes much of that to Gaelic. In three decades, he's met and worked with amazing people who have given generously and taught him a great deal.*

*Most of what he understands about the world comes from Aithris na Maidne, and if it wasn't for Dòmhnall Moireasdan and Seumas Dòmhnallach and their colleagues, then he'd be lost.*

*Likes the sound of the bagpipes and the Hattersley loom but thinks they're best enjoyed (or heard) at a distance.*

*When he was growing up, the adults around him planned their day around the barometer, not the clock. One of the things he likes about living in Glasgow is the weather, there's so little of it, that it's hardly worth thinking about.*



# Hamish MacLeòid

## Hamish MacLeod



'S è fear-ciùil agus filmeadair a th' ann an Hamish Macleòid. Còmhla ris a' chòmhlan ùr-nòsach aige, Inyal, tha e air nochdadh aig fèisean-ciùil aithnichte ann an Astràlia, an Roinn Eòrpa agus air feadh na h-Alba. Tron obair aige mar stiùiriche air cùl a' chamara, tha e air dealbhan a' chlàradh ann an cuid de na h-àiteachan as iomallaiche agus as iongantach a tha ri lorg anns an dùthaich seo.

Rugadh Hamish ann an Steòrnabhagh agus chaidh a thogail eadar Glaschu agus an t-Eilean Sgitheanach. As dèidh dha an sgoil fhàgail, rinn e ceum ann an ceòl aig Oilthigh Ghlaschu.

An-dràsta, tha e ag obair mar stiùiriche air sreath dha BBC Alba, Dàna | Scotland's Wild Side. Tha uidh mhòr aige ann an ceòl bho air feadh an t-saoghail, a bhith ri spòrs air a' bhàr a-muigh agus, gu sònraichte, a bhith a' sireadh an taighe-sheinne as sàmhach ann an Glaschu.

*Hamish MacLeod is a musician and filmmaker. Alongside his electronica band, Inyal, he has appeared at well-known festivals across Australia, Europe and Scotland. Working behind the camera, he has taken photos of some of the most isolated and amazing places in the country.*

*Hamish was born in Stornoway but grew up between Glasgow and the Isle of Skye. After leaving school, he did a degree in music at the University of Glasgow.*

*At the moment, he is working as a director on the series Dàna | Scotland's Wild Side for BBC ALBA. He has a keen interest in music from across the world, playing outdoor sports and, most importantly, trying to find the quietest pub in Glasgow.*

